

Ceud mìle fàilte gu Diùranais
Làrach-lìn Coimhearsnachd Dhiùranais
Gàidhealtachd na h-Alba

<http://www.durness.org/Loch%20Croispol/Images/Planting%20the%20past/Planting%20the%20Past.html>

Rannsachadh is Mìneachadh air fearann Loch Croispol, Taigh-sgoile Croispol agus inbhe na sgìre ann an dualchas agus eachdraidh Dhùthaich Mhic Aoidh

Fhuair e taic-airgid bhon Chrannchur Nàiseanta, Maoin Dìleab na Gàidhealtachd agus Alba Eachdraidheil



Le taic bhon
Chrannchur Nàiseanta
to Mhòin-Dualchais a' Chrannchur



Dihaoine 4mh Sultain @ 1930 – Oidhche Fhilm
bhon Tasglann Disathairne 5mh Sultain –
Taisbeanadh Fosgailte dha Luchd-tadhail bho 11m 3
òraidean agus Seann CHÈILIDH IS DANNSA

- [Tachartas 'Planting the Past' Leigheasan, galaran agus beatha-làitheil an Diùranais san 18mh is an 19mh linn](#)
- [Tachartas Oidhche Fhilm bhon Tasglann 4mh Sultain 7f](#)
- [Tachartas Cleachdaidhean nan Ceàrd 5mh. Sultain 2f](#)
- [Tachartas Cèilidh is dannsa 5mh Sultain 7.30f](#)
- [Diofar Thachartasan 4mh is 5mh Sultain 2009](#)

Eadar 1740 agus 1861 nuair a bha Taigh-sgoile Loch Croispol ga chleachdadh, bha an àrainneachd mu thimcheall an togalaich eadar-dhealaichte buileach ris an là an-diugh. Eadar cumadh na tìre agus far am bhiodh daoine a' gabhail còmhnaidh, bhiodh dòigh-beatha nach aithneachadh sinne aig na daoine ud. A bharrachd air an rannsachadh

air an sgoil agus air foghlam, tha sinn gu mòr airson is gun tèid dòigh-beatha agus gnàthsan dhaoine, cho math ri brìgh ailtire an togalaich. 'S e amas a' cheann-seachdain seo ach linn an taigh-sgoile a thoirt beò, le cleachdaidhean, nòsan agus dòigh-beatha nan daoine bhiodh beò aig an àm. Tha sinn airson rannsachadh dè seòrsa coimhearsnachd a bhiodh ann aig an àm, agus cò iad na nìthan a thug neart don choimhearsnachd, agus iad air sgoil fhaighinn agus a' coimhead a-mach agus air adhart don t-saoghal mhòr.



'Planting the Past'
Leigheasan, Galairean agus Beatha-làitheil an Diùranais sa 18mh agus an 19mh linn
Òraid is cuairt leis an t-ùghdar is neach-eachdraidh Màiri Beith

Thug **Màiri Beith** ùine seachad na neach-naidheachd an Alba is Sasainn, agus 's i sgrìobh an leabhar "The Healing Thread", leabhar air leigheasan traidiseanta na Gàidhealtachd. 'S ann an Taobh Mhealanais an Dùthaich Mhic Aoidh a bhios i gabhail còmhnaidh, agus tha i sgrìobhadh colbh a h-uile seachdain sa phàipear bheag air seann leigheasan nan Gàidheal.

Aig àm na sgoile seo agus rè àm nan diofar bhailtean, thàinig caochladh mòr air eòlas mu leighis. Bhathas air ceumannan mòra a ghabhail ann a bhi sgrùdadh agus a tuigse mhodhan agus structar 'compounds' nàdarra. 'S ged a bha dotairean ùra le teisteanasan a' nochdadh anns na bailtean mòra, bha iad fhathast gu math gann air a' Ghàidhealtachd. Bha muinntir na



'The Tinsmith's Tales
Craft Working Through The Ages'
leis a' cheàrd Artair Dutch

Buinidh **Artair Dutch** do theaghlach de cheàrdan aig an robh liut is eòlas farsaing air na dòighean obrach traidiseanta thar na linntean. 'S ged a tha e a-nis air a dhreuchd a leigeil dheth, bha e uaireigin ag obair aig **Alba Eachdraidheil** agus aig **Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba**.

Cha robh mòran idir a dhìth air muinntir nam bailtean mu thimcheall na sgoile. Bhiodh caochladh sgilean is cheàrdan fa leth aig diofar dhaoine. Mar a thàinig leasachadh air dòigh-beatha nan daoine, le barrachd nam beatha ach a bhi siubhal biadh is mur sin, bha cothrom aig daoine piseach a



Srùbag le Essie Stiùbhart
'Gàidhlig agus Gnàthsan Teanta nan Ceàrd'

Tha **Essie Stiùbhart** na seanachaidh is na Gàidheal, aig a bheil sàr-eòlas air dòigh-beatha nan Gàidheal is nan ceàrd. Innsidh i sgeulachdan fionnsgeul, seann sgeulachdan Ceilteach, sgeulachdan èibhinn is feadhainn bheaga a fhuaire i bho sheanair. Buinidh i do teaghlach cheàrdan Dhùthaich Mhic Aoidh, agus 's i iar-ogha don t-sàr-sheanchaidh, Ailidh Dall Stiùbhart, a bhàsaich ann an 1968. Thogadh Essie ag èisteachd minig is tric ri sgeulachdan a seanair, ach 's ann bho chionn ghoirid (le impidh ga cuir oirre le Sgoil Eòlais na h-Alba) a thòisich i fhèin ag innse sgeulachdan a seanair.

Bha na ceàrdan agus an càirdeas ac' ris na Gàidheal na rud mòr, cudromach am measg choimhearsnachdan sgapte na Gàidhealtachd. Tha na ceàrdan air a bhi falbh air a' Ghàidhealtachd bho

<p>Gàidhealtachd a' cur luach mòr air eòlas mu dhiofar lusan agus leigheasan nàdarra. Cha robh beul-aithris no saobh-chràbhadh buileach cho mòr agus a bha, agus bha na leigheasan nàdarra gu math tric ag obrachadh. Bheiridh Màiri sibh air cuairt tro shaoghal nan lusan seo agus na diofar leigheasan is sgeulachdan co-cheangailte riutha.</p>	<p>thoirt air an cuid-sgilean cho math ris na seòrsa thaighean anns am bhiodh iad a' gabhail còmhnaidh. Mas do thachair na Fuadaichean, tha fianais ann gu robh leasachadh a' tighinn air cor-beatha muinntir an àite a leasachadh.</p>	<p>chionn còrr is 800 bliadhna, agus aithneachadh am measg nan seann Ghàidheil - agus iad a' cuimhneachadh air tadhal nan ceàrd - dè cho mòr sa bha na ceàrdan ann am beatha nan Gàidheal. Iasgairean-neamhnaid, ceàrdan-staoin, marcaichean, seanchaidhean a' toirt naidheachd eadar na diofar bhailtean, 's iad uile obair nan ceàrd.</p>
---	---	---

Bha seann-ghnathsan agus an dualchas nam pàirt bunaitich aig beatha Ghàidheil ann an seann choimhearsnachdan na Gàidhealtachd, agus tha am mineachadh seo a' toirt dhuinne tuigse as motha air na thachair anns na bailtean is clachain nach eil ann a-nis. Chunnacas sa film dòigh-beatha bho àm eile, agus thug an ceilidh beò dhuinne òrain agus ceòl an àite mar an ceudna.

Lean an còmhradh air Facebook - Loch Croispol School History Project

[Feuchaibh is innsibh dè ur beachd air a' làraich-lìn againn](#)

- [Till gu Duilleig 1](#)
- [Deiseileachadh airson na h-obrach](#)
- [A' tuigsinn an fhearainn](#)
- [Arc-eòlas seachain 1](#)
- [Arc-eòlas seachdain 2](#) a' lorg gainne nuadh-litic
- [Taisbeanadh air an togalach bho Mhàrt 2009](#)
- [Turas beò 360° air an sgìre mu thimcheall air an Taigh Sgoile](#)